

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total  
Marks

--	--

**X229/101**

TEISTEANAIS DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS  
NÀISEANTA 1.00 PM – 1.30 PM  
2009

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn A: Èisteachd  
(Ceistean)

**Na fosgail am pàipear seo chun an tèid iarraidh ort.**

**Lion na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm (ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

Tha 25 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agad aig an toiseach airson na ceistean gu lèir a leughadh.

Tha mionaid agad aig toiseach gach pàirt den earrainn airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ri earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut. Tha an earrann na dà phàirt.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson Pàirt 1.

Cluinnidh tu Pàirt 1 le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Leugh na ceistean airson Pàirt 2.

Cluinnidh tu Pàirt 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 30 mionaid

CEISTEAN

Earrann 1

1. Cuin a tha Fèill Àiteachais Dhùn Èidinn ann?

an t-earrach	
an samhradh	
am foghar	

1

2. Dè am beathach a bha an t-ùghdar a' toirt chun na fèille?

\_\_\_\_\_

1

3. Dè tha a' sealltainn gun robh e furasta crodh a nàbaidhean a chur dhan làraidh?

\_\_\_\_\_

1

4. Ainmich **dà** rud a bha bò an ùghdair a' dèanamh.

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

5. Ciamar a fhuair an t-ùghdar a' bhò a chur dhan làraidh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

1

6. Dè bha eadar-dhealaichte mun fhèill on turas mu dheireadh a bha an t-ùghdar aice?

\_\_\_\_\_

1

7. Cia mheud duine a thadhail air an fhèill am-bliadhna?

2,000	
200,000	
20,000	

1

8. Ainmich **dà** nì dom bi A' Bhan-phrionnsa Rìoghail a' toirt taic.

---



---

2

9. Dè tha air innse dhuinn mu na daoine a bha ag obair aig an fhèill?

---

1

10. Carson nach do chuir e iongnadh air an ùghdar nach d' fhuair a' bhò aige duais?

---

1

(12)

**[Tionndaidh an duilleag**

**CEISTEAN**

**Earrann 2**

1. Dé tha Lachaidh MacLeòid a' dèanamh?

---



---

2

2. Dè an obair a b' àbhaist a bhith aig Lachaidh?

---

1

3. Dè bha e a' dèanamh na obair sna deich bliadhna mu dheireadh?

---

1

4. Ciamar a bhios coin a' cuideachadh nam poileas?

---

2

5. Dè thug Lachaidh gu Romainia anns an làraidh?

---



---

2

6. Dè an suidheachadh a bha aig a' mhòr-chuid dhe na daoine?

---

1

7. Càite an robh Lachaidh leis an tractair bho chionn trì bliadhna?

---



---

2

8. Dè an t-airgead a tha Lachaidh air a chruinneachadh chun seo?

---

1

9. Ciamar a tha fios againn gu bheil Lachaidh fhathast a' cruinneachadh airgid?

---

1  
(13)  
[25]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 25
Section B(i)	Leughadh / 25
B(ii)	Sgrìobhadh / 25
<b>Total</b>	<b>75</b>



# **X229/102**

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009

DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS  
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn A: Èisteachd  
(Earrann)

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



## **Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh**

**(The passage below should be read in approximately 2 minutes)**

### **Earrann 1**

Gach bliadhna, tha Fèill Àiteachais Dhùn Èidinn air a cumail airson ceithir làithean anns an Ògmhios. Am-bliadhna, chuir mi romham gun toirinn ann a' bhò Ghàidhealach agam. Mar sin, fhuair mi fhèin agus cuid dhe mo nàbaidhean làraidh bheathaichean air mhàl.

Chuir sinn crodh mo nàbaidhean dhan làraidh gun strì ach cha robh a' bhò agamsa airson a dhol innte a-muigh no a-mach. Bha a ceann a' dol bho thaobh gu taobh, bha i a' crathadh a h-earbail agus a' snòtraich gu feargach. B' fheudar dhomh peile chnòthan a chur a-steach dhan làraidh mus deigheadh i innte.

Cha robh mi air a bhith aig Fèill Àiteachais Dhùn Èidinn bho chionn deich bliadhna. Chuir e iongnadh orm cho mòr 's a bha i air fàs anns an ùine sin. Thadhail dà cheud mìle duine air an fhèill am-bliadhna agus tha iad a' tighinn às gach ceàrnaidh dhen t-saoghal. Am-bliadhna, thadhail A' Bhan-phrionnsa Rìoghail air an fhèill. Tha ùidh mhòr aice ann an eich agus bidh i a' toirt taic do chùisean co-cheangailte ri àiteachas, biadh agus foghlam.

Bha crodh, caoraich, eich agus gobhair gu leòr ann agus bha iad uile a' coimhead cho brèagha agus cho fallain. Bha mòran innealan a bhiodh feumail airson àiteachas rim faicinn ann, eadar tractairean is innealan a bhiodh a' buain an arbhair. Bha na ceudan de stàilichean is de thaisbeanaidhean ann air cuspairean eadar-dhealaichte. Bha làithean fìor mhath againn aig an fhèill. Bha an luchd-obrach gu lèir cho cuideachail agus cho foighidneach. Agus a' bhò Ghàidhealach? Uill, cha d' fhuair i bonn òir ach le mìle beathach cruaidh an làthair, 's dòcha nach robh sin na iongnadh.

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Earrann 1 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

## Earrann 1

Gach bliadhna, tha Fèill Àiteachais Dhùn Èidinn air a cumail airson ceithir làithean anns an Ògmhios. Am-bliadhna, chuir mi romham gun toirinn ann a' bhò Ghàidhealach agam. Mar sin, fhuair mi fhèin agus cuid dhe mo nàbaidhean làraidh bheathaichean air mhàl.

Chuir sinn crodh mo nàbaidhean dhan làraidh gun strì ach cha robh a' bhò agamsa airson a dhol innte a-muigh no a-mach. Bha a ceann a' dol bho thaobh gu taobh, bha i a' crathadh a h-earbaill agus a' snòtraich gu feargach. B' fheudar dhomh peile chnòthan a chur a-steach dhan làraidh mus deigheadh i innte.

Cha robh mi air a bhith aig Fèill Àiteachais Dhùn Èidinn bho chionn deich bliadhna. Chuir e iongnadh orm cho mòr 's a bha i air fàs anns an ùine sin. Thadhail dà cheud mìle duine air an fhèill am-bliadhna agus tha iad a' tighinn às gach ceàrnaidh dhen t-saoghal. Am-bliadhna, thadhail A' Bhan-phrionnsa Rìoghail air an fhèill. Tha ùidh mhòr aice ann an eich agus bidh i a' toirt taic do chùisean co-cheangailte ri àiteachas, biadh agus foghlam.

Bha crodh, caoraich, eich agus gobhair gu leòr ann agus bha iad uile a' coimhead cho brèagha agus cho fallain. Bha mòran innealan a bhiodh feumail airson àiteachas rim faicinn ann, eadar tractairean is innealan a bhiodh a' buain an arbhair. Bha na ceudan de stàilichean is de thaisbeanaidhean ann air cuspairean eadar-dhealaichte. Bha làithean fìor mhath againn aig an fhèill. Bha an luchd-obrach gu lèir cho cuideachail agus cho foighidneach. Agus a' bhò Ghàidhealach? Uill, cha d' fhuair i bonn òir ach le mìle beathach cruiddh an làthair, 's dòcha nach robh sin na iongnadh.

## CEISTEAN

1. Cuin a tha Fèill Àiteachais Dhùn Èidinn ann?

an t-earrach

an samhradh

am foghar

*(30 seconds)*

2. Dè am beathach a bha an t-ùghdar a' toirt chun na fèille?

*(30 seconds)*

3. Dè tha a' sealltainn gun robh e furasta crodh a nàbaidhean a chur dhan làraidh?

*(30 seconds)*

4. Ainmich **dà** rud a bha bò an ùghdair a' dèanamh.

*(30 seconds)*

5. Ciamar a fhuair an t-ùghdar a' bhò a chur dhan làraidh?

*(30 seconds)*

**[Tionndaidh an duilleag**

6. Dè bha eadar-dhealaichte mun fhèill on turas mu dheireadh a bha an t-ùghdar aice?

*(30 seconds)*

7. Cia mheud duine a thadhail air an fhèill am-bliadhna?

2,000

200,000

20,000

*(30 seconds)*

8. Ainmich **dà** nì dom bi A' Bhan-phrionnsa Rìoghail a' toirt taic.

*(30 seconds)*

9. Dè tha air innse dhuinn mu na daoine a bha ag obair aig an fhèill?

*(30 seconds)*

10. Carson nach do chuir e iongnadh air an ùghdar nach d' fhuair a' bhò aige duais?

*(30 seconds)*

**Candidates have one minute at this point to read the questions for Earrann 2.**

**(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)**

**Earrann 2**

Tha Lachaidh MacLeòid a' siubhal timcheall na dùthcha ann an seann tractair. Seo e a' bruidhinn ri Anna NicThòmais.

Anna: Feasgar math, a Lachaidh.

Lachaidh: Feasgar math.

Anna: An innis sibh an toiseach cò às a tha sibh?

Lachaidh: Tha mi às an Eilean Sgitheanach.

Anna: Dè an obair a tha agaibh?

Lachaidh: Chan eil mi ag obair a-nis. Tha mi air mo dhreuchd a leigeil dhìom ach chleachd mi bhith air a' phoileas.

Anna: Càite an robh sibh ag obair?

Lachaidh: Chuir mi seachad còig bliadhna fichead air a' phoileas ann an Glaschu. Fad nan deich bliadhna mu dheireadh, bha mi ag obair le na coin.

Anna: Dè an seòrsa obrach a bhiodh sibh a' dèanamh le na coin?

Lachaidh: Bhiodh na coin a' lorg dhrogaichean agus ghunnaichean. Nuair a tha iad air an trèanadh, tha iad uabhasach feumail dha na poileis.

Anna: A bheil trèanadh nan con a' toirt fada?

Lachaidh: Tha gach cù a' dèanamh cùrsa a mhaireas ceithir seachdainean deug an toiseach agus dà latha gach mìos an dèidh sin.

Anna: Carson a thòisich sibh a' dol timcheall na dùthcha le seann tractair?

Lachaidh: Nuair a bha mi air a' phoileas, chaidh mi a Romainia le làraidh cobhair san robh biadh is aodach. Chunnaic mi cho fìor bhoichd 's a bha mòran dhe na daoine san dùthaich sin agus chuir iad truas orm. Bha mi airson aire dhaoine ann an Alba a tharraing chun na h-èiginn san robh iad. B' ann an uair sin a smaoinich mi air a dhol timcheall ann an tractair a' togail airgid.

Anna: Dè an turas a b' fhaide a rinn sibh leis an tractair?

Lachaidh: Bho chionn trì bliadhna, shiubhail mi fhèin agus an tractair eadar Gallaibh ann an ceann a tuath Alba agus ceann a deas Shasainn.

Anna: Dè na tha sibh air a thogail de dh'airgead airson nan daoine bochda ann an Romainia?

Lachaidh: Gu ruige seo, tha mi air trithead mìle a thogail agus tha mi an dòchas gun tog mi tuilleadh am-bliadhna.

Anna: Tha mise an dòchas gun tèid dhuibh gu math agus nach bris an tractair. Tapadh leibh airson tighinn a dh'innse mun obair inntinneach sin.

Lachaidh: Tapadh leibh fhèin airson m' iarraidh.

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Earrann 2 again, and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

## Earrann 2

Tha Lachaidh MacLeòid a' siubhal timcheall na dùthcha ann an seann tractair. Seo e a' bruidhinn ri Anna NicThòmais.

Anna: Feasgar math, a Lachaidh.

Lachaidh: Feasgar math.

Anna: An innis sibh an toiseach cò às a tha sibh?

Lachaidh: Tha mi às an Eilean Sgitheanach.

Anna: Dè an obair a tha agaibh?

Lachaidh: Chan eil mi ag obair a-nis. Tha mi air mo dhreuchd a leigeil dhìom ach chleachd mi bhith air a' phoileas.

Anna: Càite an robh sibh ag obair?

Lachaidh: Chuir mi seachad còig bliadhna fichead air a' phoileas ann an Glaschu. Fad nan deich bliadhna mu dheireadh, bha mi ag obair le na coin.

Anna: Dè an seòrsa obrach a bhiodh sibh a' dèanamh le na coin?

Lachaidh: Bhiodh na coin a' lorg dhrogaichean agus ghunnaichean. Nuair a tha iad air an trèanadh, tha iad uabhasach feumail dha na poileis.

Anna: A bheil trèanadh nan con a' toirt fada?

Lachaidh: Tha gach cù a' dèanamh cùrsa a mhaireas ceithir seachdainean deug an toiseach agus dà latha gach mìos an dèidh sin.

Anna: Carson a thòisich sibh a' dol timcheall na dùthcha le seann tractair?

Lachaidh: Nuair a bha mi air a' phoileas, chaidh mi a Romainia le làraidh cobhair san robh biadh is aodach. Chunnaic mi cho fìor bhoichd 's a bha mòran dhe na daoine san dùthaich sin agus chuir iad truas orm. Bha mi airson aire dhaoine ann an Alba a tharraing chun na h-èiginn san robh iad. B' ann an uair sin a smaoinich mi air a dhol timcheall ann an tractair a' togail airgid.

Anna: Dè an turas a b' fhaide a rinn sibh leis an tractair?

Lachaidh: Bho chionn trì bliadhna, shiubhail mi fhèin agus an tractair eadar Gallaibh ann an ceann a tuath Alba agus ceann a deas Shasainn.

Anna: Dè na tha sibh air a thogail de dh'airgead airson nan daoine bochda ann an Romania?

Lachaidh: Gu ruige seo, tha mi air trithead mìle a thogail agus tha mi an dòchas gun tog mi tuilleadh am-bliadhna.

Anna: Tha mise an dòchas gun tèid dhuibh gu math agus nach bris an tractair. Tapadh leibh airson tighinn a dh'innse mun obair inntinneach sin.

Lachaidh: Tapadh leibh fhèin airson m' iarraidh.

\* \* \*

## CEISTEAN

1. Dé tha Lachaidh MacLeòid a' dèanamh?  
(30 seconds)
2. Dè an obair a b' àbhaist a bhith aig Lachaidh?  
(30 seconds)
3. Dè bha e a' dèanamh na obair sna deich bliadhna mu dheireadh?  
(30 seconds)
4. Ciamar a bhios coin a' cuideachadh nam poileas?  
(30 seconds)
5. Dè thug Lachaidh gu Romainia anns an làraidh?  
(30 seconds)
6. Dè an suidheachadh a bha aig a' mhòr-chuid dhe na daoine?  
(30 seconds)
7. Càite an robh Lachaidh leis an tractair bho chionn trì bliadhna?  
(30 seconds)
8. Dè an t-airgead a tha Lachaidh air a chruinneachadh chun seo?  
(30 seconds)
9. Ciamar a tha fios againn gu bheil Lachaidh fhathast a' cruinneachadh airgid?  
(30 seconds)

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total  
Marks

--	--

**X229/103**

TEISTEANAIS DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS  
NÀISEANTA 1.50 PM – 3.10 PM  
2009

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

**Na fosgail am pàipear seo chun an tèid iarraidh ort.**

**Lion na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm (ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

Tha 50 comharraidhean anns a' phàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh—Fiosrachadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

Faodaidh tu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



## EARRANN

An dèidh dhomh a bhith ceithir bliadhna san oilthigh, chuir mi fhèin agus mo charaidean romhainn a dhol air saor-làithean samhraidh mus tòisicheadh sinn uile ar n-obraichean ùra ann an àiteachan air feadh Bhreatainn. Roghnaich sinn a dhol gu dùthaich air iomall na Roinn Eòrpa: Na h-Eileanan Fàrach.

“Càite a bheil sin?” tha mi cinnteach gu bheil sibh a’ faighneachd. Uill, innsidh mi dhuibh. Tha na h-eileanan beaga seo (ochd deug dhiubh) nan laighe letheach-slighe eadar Innis Tìle agus Nirribhidh agus mu dhà cheud mìle tuath air Alba.

Co-dhiù, is fheàrr dhomh innse dhuibh mu na saor-làithean fhèin. ’S e a’ chiad rud a bha math mun deidhinn nach do chosg tiogaidean nam plèanaichean ach beagan a bharrachd air ceud nota. Bha sinn airson cosgaisean an turais a chumail cho ìosal ’s a ghabhadh an dèidh na fiachan mòra a bha sinn air a chruinneachadh san oilthigh! Bha sinn taingeil cuideachd nach toireadh an turas plèana chun nan Eilean Fàrach ach uair a thìde gu leth oir cha robh ach seachdain againn agus cha robh sinn airson cus tìde a chaitheamh air siubhal.

’S e am fuachd a’ chiad rud don mhothaich sinn nuair a fhuair sinn a-mach às a’ phlèana. ’S ann a bha e na bu choltaiche ri latha earraich ann an Alba. Cha do chuir sin dragh oirnn ge-tà oir bha sinn air leughadh ann an leabhar mu na h-eileanan nach biodh an teas ach ainneamh ag èirigh thairis air trì deug Celsius.

Tha na h-eileanan ainmeil airson nan eun a tha rim faicinn annta agus, air a’ chiad latha, chaidh sinn air cuairt timcheall air *Vagar* (fear dhe na h-eileanan as motha) gan coimhead. Ged a bha an latha frasach, bha cuairt glè inntinneach againn ’s sinn a’ faicinn iomadh rud a bharrachd air na h-eòin fhèin: seallaidhean den eilean nach fhaicear ach bhon mhuir agus mucan-mara gu leòr.

Dà latha às dèidh sin, dh’fhairich mi gun robh mi gun teagamh nam dhùthaich fhèin nuair a nochd na mìltean de dh’Albannaich ann an *Tórshavn* (prìomh bhaile nan eilean) airson gèam ball-coise eadar-nàiseanta eadar Na h-Eileanan Fàrach agus Alba. Ged nach d’ fhuair Alba làmh an uachdair, chòrd na chunnaic iad de na h-eileanan gu mòr ri luchd ar dùthcha agus fhuair iad fàilte mhòr.

Uill, chaidh an t-seachdain seachad fada ro luath ach bidh mi air ais airson tuilleadh fhaicinn aon uair ’s gum bi mi air beagan airgid a chosnadh.

**CEISTEAN**

1. (a) Cuin a smaoinich an sgrìobhadair agus a caraidean air a dhol air saor-làithean?

---



---

2

- (b) Carson a bha iad ag iarraidh a dhol aig an àm sin?

---



---

2

2. Càit a bheil Na h-Eileanan Fàrach?

---



---



---

2

3. (a) Dè a' phrìs a bha na tiogaidean?

nas lugha na ceud nota	
ceud nota	
nas motha na ceud nota	

1

- (b) Carson a bha iad toilichte mu dheidhinn sin?

---



---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

4. (a) Dè cho fad 's a bheireadh an turas plèana.

\_\_\_\_\_

1

(b) Ciamar a bha sin na bhuannachd dhaibh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

5. (a) Ciamar a bha an t-sìde nuair a ràinig iad?

\_\_\_\_\_

1

(b) Carson nach do chuir sin dragh orra?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

6. A bharrachd air eòin, dè na rudan inntinneach a chunnaic iad air a' chuairt?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

7. Carson a thàinig mìltean de dh'Albannaich gu *Tórshavn*?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

8. Carson a bha luchd-leantainn Alba sona ged nach do bhuannaich iad?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

9. Cuin a thilleas an sgrìobhadair?

---

---

2  
**Total (25)**

[CRÌOCH ROINN B(i)-LEUGHADH]

**[Tionndaidh an duilleag**

**Roinn B(ii): Sgrìobhadh**

**Ùine: 40 mionaid (moladh)**

*Comharraidhean*

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

- |    |  |      |
|----|--|------|
| 1. | Spòrs — sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh sam bith a thogras tu. | (25) |
| 2. | Bu chòir an aois airson cead bhòtaidh a chur sìos gu 16.             | (25) |
| 3. | Na saor-làithean a b' fheàrr a chòrd rium riamh.                     | (25) |
| 4. | An obair a tha mi ag iarraidh nuair a dh'fhàgas mi an sgoil.         | (25) |
| 5. | Am prògram telebhisean as lugha orm.                                 | (25) |
| 6. | An còmhlan-ciùil as fheàrr leam.                                     | (25) |
| 7. | Air chall sa cheò.   | (25) |
| 8. | An iuchair.  | (25) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**MARKER'S GRID**

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 25
Section B(i)	Leughadh / 25
B(ii)	Sgrìobhadh / 25
<b>Total</b>	/ 75